

# **Co-chomhairle Croitearachd 2017**

**Co-chomhairle mu lagh croitearachd san àm ri teachd**



## Ro-ràdh Ministreil



Tha àite gun samhail aig croitearachd ann an dualchas cultarail na h-Alba. Tha i fichte a-staigh san eachdraidh againn agus ag innse sgeul mu cò sinne agus cò às a thàinig sinn. Tha sinn mothachail mun àm a dh'fhalbh ach dè mar a bhios i san àm ri teachd? Tha Riaghaltas na h-Alba a' tuigsinn gu bheil croitearan is luchd-lagha air a bhith ag argamaid o chionn fhada gu bheil reachdas croitearachd fada ro thoinnte is seann-fhasanta, agus gur e a tha a dhìth a-nis ach frèam-obrach a tha troi-lèirseach as urrainn a thuigsinn agus a dh'obraicheas. Reachdas a chuireas ri croitearachd sam àm ri teachd.

Tha croitearachd a' cur gu mòr ris an eaconamaidh, ris an àrainneachd agus ri seasmhachd choimhearsnachdan ann na sgìrean dùthchail, iomallach na h-Alba. Ann an co-theacsa croitearachd, tha còrr air 20,000 croit le timcheall air 33,000 neach a' fuireach ann an dachaighean croitearachd. A thuilleadh air sin,

tha còrr air 1,000 cùl-cinn a' còmhachadh còrr air 550,000 ha air feadh na h-Alba. Ann an 2016 a-mhàin, thàinig teachd-a-steach de timcheall air £85.8 millean bhon roinn.

Tha mòran air atharrachadh bho thàinig lagh croitearachd gu buil an toiseach. Gu dearbh, chaidh reachdas ùrachadh, ach tha e fhathast stèidhichte air na prionnsapalan a bha taobh a-staigh Achd Tacan Croitearan (Alba) 1886, a chaidh a thoirt air adhart às deidh aithisg Coimisean Napier don Phàrlamaid ann an 1884. Tha Riaghaltas na h-Alba a' gealltainn gun toir iad sùil air a bhith ag ùrachadh lagh na croitearachd taobh a-staigh seisean na Pàrlamaid seo.

Anns na mìosan o chionn ghoirid, tha na h-oifigearan agam air a bhith an sàs le diofar thachartasan air feadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean gus beachdan fhaighinn bho dhaoine aig a bheil ùidh ann an croitearachd. Tha mi air leth taingeil dhaibhsan a ghabh pàirt anns na tachartasan sin, oir chuidich na chuir luchd com-pàirt ris na còmhraidhean sin le stèidh na co-chomhairle seo. Tha mi cuideachd taingeil do Chomataidh an REC airson an cuid obair chom-pàrteachaidh thràth agus do bhuidhnean eile leithid Buidheann Lagha na Croitearachd. Tha mi a cheart cho taingeil gun robh cothrom agam pàipearan leithid Cruinneachadh Laghan na Croitearachd (*Crofting Law Sump*), agus Aithisg Shucksmith fhaicinn.


Tha mi airson gum bi croitearachd adhartach san àm ri teachd, a' faighinn tèarainteachd ann an cridhe choimhearsnachdan dùthchail agus san eaconamaidh dhùthchail. Thug Achd 1886 còraichean tèarainte do chroitearan agus bhon uair sin tha reachdas air na còraichean sin a ghlèidheadh agus air dleastanasan co-cheangailte riutha a leasachadh. Tha còraichean agus dleastanasan fhathast cudromach an-diugh, ach le bhith a' coimhead air adhart, feumaidh sinn faicinn ciamar as fheàrr a chuireas croitearachd ris an eaconamaidh dhùthchail agus mar as urrainn do dhaoine a thoirt air ais do sgìrean dùthchail na h-Alba.

Gu cinnteach tha dùbhlanan air thoiseach, leithid na bhios coltach bualadh oirnn bho bhith a' fàgail an Aonaidh Eòrpaich. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun coinnich sinn ris na dùbhlanan sin. Bidh e deatamach gum bi àrainneachd againn a bhios a' brosnachadh adhartas agus a bheir cothrom dhaibhsan aig a bheil ceangal ri croitearachd gnìomhachasan a leasachadh agus an dealbh-tìre a riaghladh a chum buannachd nan uile.

Mar sin, tha mi a' creidsinn gu bheil e ciallach sùil a thoirt air ath-leasachadh croitearachd le sùilean fosgailte oir dh'fhaodadh reachdas a bhith ann an diofar chruthan. Tha sin a' ciallachadh gum faod sinn a bhith coimhead air diofar roghainnean, bho bhith a' sgioblachadh no a' daingneachadh chùisean gu bhith a' tòiseachadh le pàipear falamh. Tha mi cuideachd air aire a thoirt gu bheil molaidhean ann a

thaobh dòighean neo-reachdail mu phoileasaidh croitearachd a bu chòir aithneachadh cuideachd. Tha mi a' cur fàilte air sin, oir aig amannan chan e reachdas an dòigh as fheàrr air cùisean a thoirt air adhart.

Tha mi a' misneachadh a h-uile duine pàirt a ghabhail anns a' cho-chomhairle seo. Tha co-dhùnaidhean mar phàirt mhòr de dh'obair riaghaltais agus thèid an toirt gu buil nas fheàrr le bhith ag èisteachd ri beachdan agus a' roinneadh smuaintean. Tha mi a' coimhead air adhart ri bhith a' faicinn nam freagairtean a thig bhon cho-chomhairle seo.

A handwritten signature in black ink, reading "Fearghas Ewing". The signature is written in a cursive style with a large, looped initial 'F' and 'E'.

**FEARGHAS EWING BPA**

**Rùnaire a' Chaibineit airson an Eaconamaidh Dhùthchail agus Comas-ceangail**

## Clàr-innse

<b>Mun cho-chomhairle</b>	1
<b>A' làimhseachadh do fhreagairt</b>	1
<b>Na h-ath cheumannan sa phròiseas</b>	1
<b>Amas na co-chomhairle seo</b>	2
<b>Earrann 1 – Ro-ràdh</b>	3
<b>Earrann 2 – Roghainnean airson atharrachadh reachdail</b>	6
<b>Roghainn 1 – Bile Daingneachaidh</b>	7
<b>Roghainn 2 – Bile ag atharrachadh reachdas làthaireach/Bile Ro-dhaingneachaidh</b>	8
<b>Roghainn 3 – Bile ag atharrachadh reachdas làthaireach agus ag ath-aithris lagh croitearachd</b>	9
<b>Roghainn 4 – Bile a' cur air adhart lagh croitearachd 'ùr'</b>	10
<b>Earrann 3 – Prìomhachasan reachdail sònraichte</b>	12
i. <b>Neo-làthaireachd, Ana-cleachdadh agus Dearmad</b>	13
ii. <b>Sònrachadh agus Còir-sheilbh</b>	14
iii. <b>Cùl-cinn</b>	16
iv. <b>Dleastanasan riaghlaidh agus Pròiseasan Choimisean na Croitearachd</b>	17
v. <b>Clàradh Croitearachd</b>	19
vi. <b>Croitean Sealbhadair-còmhnaidh</b>	20
vii. <b>Barantasan-stannardach</b>	22
viii. <b>Òrdugh phrìomhachasan</b>	23
<b>Leas-phàipear A – Co-theacsa nas fharsainge</b>	24
<b>Beag-fhaclair</b>	26
<b>Ceanglaichean airson iomraidhean</b>	28

## **Mun cho-chomhairle**

A' freagairt na co-chomhairle

Tha sinn a' sireadh fhreagairtean don cho-chomhairle seo ro 20 Samhain 2017. Freagair a' cho-chomhairle seo air-loidhne aig: <http://consult.scotland.gov.uk/agriculture-and-rural-communities/crofting-consultation-2017>

Faodaidh tu do fhreagairtean a shàbhaladh agus tilleadh thuca fhad 's a tha a' cho-chomhairle fhathast fosgailte. Dèan cinnteach gun tèid freagairtean co-chomhairle a chur a-steach ron cheann-làtha.

Mura h-eil e comasach dhut freagairt air-loidhne, lìon am Foirm Fiosrachadh Neach-freagairt (faic 'A' làimhseachadh do fhreagairt' gu h-ìosal) agus cuir a-steach e le do fhreagairt sgrìobhte gu:

Riaghaltas na h-Alba  
Sgioba Bile na Croitearachd  
D Spur  
Taigh Saughton  
Slighe Broomhouse  
Dùn Èideann  
EH11 3XG

## **A' làimhseachadh do fhreagairt**

Ma fhreagras tu le bhith cleachdadh Citizen Space, thèid do stiùireadh gu fèin-ghluasadach gu Foirm Fiosrachadh an Neach-freagairt aig toiseach a' cheisteachain. Innsidh seo dhuinn mar a tha thu airson gun tèid do fhreagairt a làimhseachadh agus gu sònraichte, a bheil thu riarichte gun tèid do fhreagairt fhoillseachadh gu poblach.

Mura h-eil e comasach dhut freagairt tro Citizen Space, lìon agus cuir air ais am Foirm Fiosrachadh Neach-freagairt a tha an cois a' phàipeir seo aig an deireadh oir nì seo cinnteach gun làimhsich sinn do fhreagairt ann an dòigh iomchaidh. Ma dh'iarras tu nach tèid do fhreagairt fhoillseachadh, dèiligidh sinn ris mar fhreagairt dìomhair agus làimhsichidh sinn mar sin e.

Bu chòir gum biodh gach neach-freagairt mothachail gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' tighinn fo ullachaidhean Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 agus mar sin gum feumadh iad beachdachadh air iarrtas sam bith a gheibh iad fon Achd sin airson fiosrachadh a thaobh freagairtean a fhuair iad mu choinneimh na co-chomhairle seo.

## **Na h-ath cheumannaan sa phròiseas**

Às dèidh don cho-chomhairle dùnadh, nì sinn sgrudadh air na freagairtean a fhuair sinn agus bidh iad sin mar fhiosrachadh don phròiseas co-dhùnaidh mun dòigh san obraich Bile na Croitearachd. Far an tug luchd-freagairt cead seachad airson na freagairtean aca fhoillseachadh gu poblach, foillsichidh sinn na freagairtean sin, agus às deidh làimh, foillsichidh sinn aithisg den mhion-sgrùdadh a nithear air freagairtean na co-chomhairle.

Ma tha ceist sam bith agad cuir fios gu: [croftingconsultation@gov.scot](mailto:croftingconsultation@gov.scot)

## Amas na co-chomhairle seo

Tha an co-chomhairle seo air a roinneadh ann an trì earrannan.

Bidh na h-earrannan a' faighneachd grunn cheistean den neach-freagairt a thaobh cuspairean co-cheangailte ris an t-seòrsa reachdas a dh'fhaodar toirt air adhart agus mu phrìomhachasan airson reachdas croitearachd. Chaidh na ceistean a dhealbhadh gus dealbh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba mun atharrachadh a thathas ag iarraidh.

Tha **Earrann 1** a' mìneachadh cùl-fhiosrachadh croitearachd, carson a tha a' cho-chomhairle seo ann, agus poileasaidh làthaireach Riaghaltas na h-Alba air croitearachd san fharsaingeachd. Is e an t-amas faighinn a-mach dè a tha luchd-freagairt a' smaoinneachadh mu poileasaidh croitearachd làthaireach Riaghaltas na h-Alba.

Tha **Earrann 2** ag ainmeachadh nan diofar seòrsachan reachdais as urrainn do Riaghaltas na h-Alba toirt air adhart airson croitearachd taobh a-staigh an t-seisein Phàrlamaidich seo. Le bhith a' sealltainn nan diofar roghainnean a tha ann, is e an t-amas gum beachdaich luchd-freagairt air dè a tha feumail fhaighinn bho reachdas gus am faighear na h-atharrachaidhean a tha iad airson fhaicinn ann an croitearachd san àm ri teachd.

Tha **Earrann 3** a' cur air adhart grunn chuspairean a thaobh croitearachd ris am faodar sealltainn mar phàirt de dh'ath-leasachadh reachdail. Chaidh iad sin aithneachadh bho ghrunn thùsan, nam measg aithisg Comataidh Eaconamaidh Dhùthchail is Comas-ceangail 2017 'Review of Priorities for Crofting Law Reform'<sup>1</sup>, an Crofting Law Sump<sup>2</sup>, 'The Final Report of the Committee of Enquiry into Crofting' (Aithisg Shucksmith)<sup>3</sup> agus an obair chom-pàrteachaidh thràth a rinn Riaghaltas na h-Alba thairis air na sgìrean croitearachd.

Is e an t-amas gum bi luchd-freagairt a' toirt sùil gheur air dè na h-atharrachaidhean a tha deatamach ann an reachdas croitearachd gus am bi croitearachd iomchaidh airson an 21mh linn. Dh'fhaodte gum biodh e na b'fheàrr nan deidheadh dèiligeadh ri cuid de na h-atharrachaidhean a dh'aithnichear tro mheadhanan neo-reachdail (mar eisimpleir, atharrachadh poileasaidh croitearachd). Dh'fhaodte gum feumar sealltainn ri cuid eile fo sgàil poileasaidh àiteachais is riaghailtean san fharsaingeachd, no eadhon raointean poileasaidh nas fharsainge aig Riaghaltas na h-Alba.

Ag aithneachadh gu bheil reachdas croitearachd gu math toinnte agus an dòigh anns a bheil gach cuspair ceangailte ri chèile, chan eil sinn a' smaoinneachadh gum biodh e ciallach a h-uile cuspair deasbaid a chaidh a thogail a thoirt a-steach don cho-chomhairle seo. An àite sin, tha sinn air a' cho-theacsa choitcheann a shuidheachadh mu choinneimh a' chuspair buntainnich agus air cuid de dh'eisimpleirean farsaing mu gach cuspair ainmeachadh. Tha na ceistean ann an earrann 3 a' sireadh bheachdan agus bharailean a thaobh prìomhachasan reachdas croitearachd.

Ach, leis gu bheil cuspairean croitearachd nas fharsainge cho cudromach, chaidh iad sin a chur an cèill ann an geàrr-chunntas ann an **Leas-phàipear A**. Tha seo a' toirt seachad fiosrachadh mu cho-theacsa poileasaidh nas fharsainge a thaobh croitearachd agus a' beachdachadh air an obair neo-reachdail a thathas a' dèanamh ann an co-bhonn ri Fòram Luchd-ùidhe na Croitearachd. Chaidh mòran de na cuspairean air a bheileas a' beachdachadh san leas-phàipear seo a thogail co-cheangailte ri lagh croitearachd, ach gu dearbh is dòcha nach fheum atharrachadh a bhith ann an lagh na croitearachd airson dèiligeadh riutha. Mar sin, ged a tha iad cudromach, feumar sealltainn ris na cuspairean sin air leth bho atharrachadh air reachdas croitearachd.

## Earrann 1 – Ro-ràdh

Tha àite gun samhail aig croitearachd ann an coimhearsnachdan na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gu bheil feum aig croitearachd a bhith a' leantainn oirre a' libhrigeadh bhuannachdan luachmhor, ionadail do choimhearsnachdan dùthchail, a' toirt seasmhachd do ghnìomhachd àiteachais, a' cumail taic ris an eaconamaidh dhùthchail, a' meudachadh fiadh-bheatha agus a' leasachadh na h-àrainneachd nàdarra, agus a' glèidheadh dhaoine òga anns na coimhearsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach againn.

Tha Prògram an Riaghaltais (Programme for Government<sup>4</sup>) 2016-17 a' suidheachadh gealladh gun tèid Bile Croitearachd a dhealbhadh airson nas fhaide san t-seisean Phàrlamaideach seo (tha an t-seisean làthaireach a' ruith bhon Chèitean 2016 dhan Chèitean 2021). Bheir obair a' Bhile a tha san amhairc cuideachd a-steach obair leantainneach eile a thaobh poileasaidh croitearachd nas fharsainghe, a' toirt a-steach Plana Leasachaidh Nàiseanta airson croitearachd (le co-chomhairle phoblach san amhairc ann am beagan ùine) mar phàirt de dh'eaconamaidh dhùthchail sheasmach.

Bidh freagairtean na co-chomhairle seo mar phrìomh fhiosrachadh do dh'obair a' Bhile, ach cuideachd dh'fhaodte gun cuir e ri susbaint a' Phlana Leasachaidh Nàiseanta nam faicear rud sam bith nach fheumadh reachdas ùr airson a thoirt gu buil. Tha an co-chomhairle seo a' sireadh bheachdan mun t-seòrsa reachdas a dh'fhaodar cruthachadh agus mu na prìomhachasan sònraichte a bhiodh na chois.

### Dè a th' ann an croitearachd?

Is e pìos beag fearann àiteachais a th' ann an croit, ri lorg anns na siorrachdan croitearachd (na siorrachdan roimhe seo ann an Arcaibh, Cataibh, Earra-ghàidheal, Gallaibh, Inbhir Nis, Sealtainn, Ros is Chromba agus Sealtainn), agus tha iad fo na laghan a th' anns na diofar Achdan Croitearachd.

Is e croitear an neach a tha a' còmhnaidh air agus ag obair air croit. Mar as trice tha iad nam màladair air croit, a' pàigheadh màl do dh'ùachdaran. Ach, bho Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 1976<sup>5</sup>, tha mòran dhaoine air na croitean aca a cheannach, agus tha iad a-nis mar a chanar nan "croitearan sealbhadair-còmhnaidh". (Chaidh mìneachadh fhaighinn bho Chaidreachas Croitearachd na h-Alba)<sup>6</sup>

Aig an àm seo tha timcheall air 20,500 croit thairis air na siorrachdan croitearachd (15,000 croitean màil agus 5,500 fo shealbh). Tha timcheall air 10% de shluagh na Gàidhealtachd is nan Eilean nan croitearan, agus còrr air 33,000 neach a' còmhnaidh ann an dachaighean croitearachd. Tha croitean air an riaghladh le Coimisean na Croitearachd<sup>7</sup>. Tha Bòrd-stiùiridh aca le 9 Coimiseanairean, 6 dhiubh air an taghadh le croitearan agus 3 air an cur nan dreuchd le Ministearan na h-Alba.

Tha meud croit gu cuibheasach timcheall air 5 heactair (ha), ach tha cuid anns nach eil ach dìreach 0.5 ha agus tha beagan dhiubh a' sìneadh gu còrr air 50 ha de dh'fhearann. Cuideachd, gu tric bidh roinn aig croitean ann an ionaltradh aonaich, a bhios eadar croitearan eile ann am baile. Leis nach urrainn don mhòr-chuid de chroitean tuarastal a chumail ri teaghlach no obair làn-thìde a thoirt seachad, tha obraichean eile mar as trice aig croitearan airson prìomh thuarastal a thoirt dhaibh. Mar eisimpleir, tha cuid air sgaoileadh a-mach gu bhith an sàs ann an turasachd gu ìre agus tha dreuchdan aig cuid eile anns a' choimhearsnachd ionadail (gach cuid anns na roinnean poblach is prìobhaideach).

Mar sin tha croitearachd a' toirt bunait do theaghlachan gus an urrainn dhaibh beòshlaint fhaighinn, le croitean agus taighean croite a' toirt seachad stèidh bhom bi daoine an sàs, agus tha teachd a-steach bho chroitearachd na chuideachadh, a' cur ri teachd a-steach an teaghlach. Tha seo, cuideachd, a' cuideachadh le bhith toirt seasmhachd do choimhearsnachdan dùthchail is iomallach.

## Carson a tha feum air reachdas croitearachd ùr?

Fhuair croitearan ann an Alba aithne laghail fon lagh an toiseach nuair a chaidh Achd Tacan Croitearachd (Alba) 1886<sup>8</sup> a chur air chois. Ron àm seo, bha e laghail croitear sam bith fhuadach mar a thogradh an uachdaran; tachartas a bha bitheanta tron àm ris an canar Fuadaichean nan Gàidheal. Thug an Achd seo grunn chòraichean do chroitearan, nam measg còr-ghabhaltais, màl a bha cothromach, sònrachadh chroitean do shliochd, còir pàigheadh fhaighinn airson leasachaidhean fearainn agus chaidh a' chiad Choimisean na Croitearachd a stèidheachadh.

Chaidh grunn Achdan Croitearachd a thoirt gu buil bhon uair sin, gach fear a' cur ris no ag atharrachadh na prionnsapalan bunaiteach a chaidh a stèidheachadh ann an 1886. Chaidh an daingneachadh mu dheireadh de laghan croitearachd air adhart ann an 1993 (s set out in 1886. The last consolidation of crofting law occurred in 1993 (Achd na Croitearan (Alba) 1993)<sup>9</sup>, ged a chaidh grunn Achdan eile air adhart bhon uair sin. Rinn an dà Achd as ùire (Achd Ath-leasachadh na Croitearachd msaa 2007)<sup>10</sup>, agus Achd Ath-leasachadh na Croitearachd (Alba) 2010)<sup>11</sup> grunn atharrachaidhean susbainteach air an lagh, agus chaidh seo a leantainn le atharrachadh<sup>12</sup> ann an 2013.

Tràth ann an 2017, a' cumail ris a' ghealladh ann am Prògram an Riaghaltais 2016-17, choinnich Sgioba Bile Croitearachd Riaghaltas na h-Alba le measgachadh de dhaoine air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean le ùidh ann an croitearachd (croitearan, uachdaran, aonaidhean, gnìomhachasan, croitearan òga, msaa.). Chaidh iarraidh air na bha an làthair beachdachadh air na trì ceistean a leanas.

- Dè a tha sinn a' feuchainn ri choileanadh tro chroitearachd?
- Carson a tha feum againn air reachdas croitearachd, agus air an reachdas sin atharrachadh?
- Ciamar a b' urrainn dhuinn na h-atharrachaidhean a tha sinn ag aithneachadh a libhrigeadh? (Dh'fhaodte gu bheil, mar eisimpleir, slighean eile ann airson fuasgladh fhaighinn air cuspairean co-cheangailte ri reachdas.).

Bha e soilleir bho na còmhraidhean sin gun robh fìor aonta mu cò mu dheidhinn a tha croitearachd, agus na tha e ag amas a choileanadh, ach chan eil ach beagan aonta ann mun chruth a bu chòir a bhith air reachdas ùr no dè a bu chòir dha a libhrigeadh. Ach, bha aonta am measg cha mhòr a h-uile duine nach eil an lagh mar a tha e an-dràsta freagarrach idir, aon chuid a thaobh toinnteachd no na tha e a' leigeil le croitearachd a dhèanamh.

Chaidh a ràdh cuideachd gu bheil reachdas croitearachd ro thoinnte. Aig amannan tha an toinnteachd ag èirigh bho dhealbhachd nach robh soilleir no co-sheasmhach ann an Achdan roimhe seo, agus dh'fhaodadh seo adhbhar airson ath-leasachaidh a dhearbhadh. Ach, ann an cuid de shuidheachaidhean eile, tha an toinnteachd ag èirigh seach gu bheil laghan croitearachd a' feuchainn ri cothromachadh fhaighinn eadar na còraichean fearainn eachdraidheil aig diofar dhaoine. Anns na suidheachaidhean sin, dh'fhaodte gum bi e nas dùbhlannaiche sìmpleachadh fhaighinn air an fhrèam-obrach.



## Poileasaidh Croitearachd

Tràth anns an obair chom-pàirteachaidh aig Sgioba a' Bhile le luchd-ùidhe, chomharraich iad na h-amasan croitearachd a leanas a bha farsaing agus co-cheangailte:

- a bhith a' brosnachadh choimhearsnachdan a tha seasmhach agus soirbheachail;
- a bhith a' toirt seachad taic gus eaconamaidhean ionadail, dùthchail, a tha soirbheachail agus làidir, a libhrigeadh;
- a bhith a' toirt seachad taic gus cleachdadh is riaghladh fearainn cothromaichte a tha air a chumail suas, a libhrigeadh, a' toirt a-steach àiteachas mion-ìre; agus,
- a bhith a' brosnachadh dhàimhean ceart is cothromach eadar luchd-ùidhe uile na croitearachd.

Tha tuigse an cois nan amasan sin ma tha croit aig croitear gu bheil sin a' toirt seachad tomhas de chòraichean don chroitear (leithid còir-ghabhaltais, màl cothromach agus còir ceannach) agus cuideachd a' toirt air croitearan gabhail ri cuid de dhleastanasan.

Faodar poileasaidh croitearachd làthaireach Riaghaltas na h-Alba aithris mar a leanas:

“Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur luach ann an croitearachd mar shiostam de chòir-fhearainn agus ag aithneachadh an luach a bharrachd a tha croitearachd fhathast a' cur ris an eaconamaidh dhùthchail agus ri seasmhachd choimhearsnachdan dùthchail is iomallach.” (Tha **Leas-phàipear A** a' toirt seachad co-theacsa nas fharsaing a thaobh poileasaidh croitearachd.)

“Tha Riaghaltas na h-Alba a' gealltainn croitearachd ath-leasachadh gus am bi i seasmhach san àm ri teachd, daoine ùra a thoirt a-steach do choimhearsnachdan croitearachd, agus dèanamh cinnteach gum bi i comasach leantainn ri bhith a' cur ri sgìrean dùthchail soirbheachail ann an Alba.

Tha am poileasaidh seo ri fhaicinn anns an fhrèam-obrach reachdail làthaireach a tha a' cur cuid de dhleastanasan air croitearan, nam measg an dleastanas a bhith a' còmhnaidh taobh a-staigh 32 km bhon chroit; a bhith ag àiteach na croit, no a' chroit a chur gu feum shusbainteach eile; agus gun a bhith ag ana-cleachdadh no a' dearmad na croit. Tha na dleastanasan sin feumail airson a bhith a' cumail suas seasmhachd choimhearsnachdan dùthchail air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan.” (<http://www.gov.scot/Topics/farmingrural/Rural/crofting-policy>)

Thathas den bheachd gu bheil poileasaidh coitcheann Riaghaltas na h-Alba a thaobh croitearachd fhathast buntainneach agus san fharsaingeachd co-sheasmhach ri amasan luchd-ùidhe, ged a tha diofar bheachdan am measg luchd-ùidhe a thaobh amasan agus adhbhar croitearachd. Chaidh an còrr den phàipear co-chomhairle seo a dhealbhadh air bunait na h-aithris poileasaidh seo agus thathas a' sireadh bheachdan air an reachdas anns a' cho-theacsa sin.

### Ceist 1

A bheil thu ag aontachadh ri poileasaidh ainmichte Riaghaltas na h-Alba a thaobh croitearachd?

Tha/Chan eil

Minich an fhreagairt agad.

## Earrann 2 – Roghainnean airson atharrachadh reachdail

Faodar atharrachadh reachdail a dhèanamh ann an diofar chruthan. A thaobh a bhith ag ath-leasachadh reachdas croitearachd, chuir na còmhradhean ron cho-chomhairle am beachd air adhart gum faodar grunn sheallaidhean a bhith iomchaidh. Bheir gach roghainn a' chuid fhein de bhuannachdan agus eas-bhuannachdan agus feumar iad sin a thuigsinn gu soilleir mus tìgear gu co-dhùnadh mun t-sealladh as fheàrr air ath-leasachadh lagh na croitearachd. Chan ann dìreach

mu dheidhinn goireasan an riaghaltais no ceist mu cruth an reachdais a tha seo: bheir e ùine is oidhirp do gach neach a tha an sàs a thighinn gu ìre aonta agus reachdas a thoirt tron Phàrlamaid.

Chaidh mòran obrach a dhèanamh gus aithne fhaighinn air contrarrachd agus duilgheadasan le lagh croitearachd, gu sònraichte leis a' Bhuidheann Lagh Croitearachd a bhith a' foillseachadh na h-Aithisg Cruinneachadh Laghan Croitearachd (*Crofting Law Sump Report*). Cuideachd, ann an Aithisg Shucksmith bha molaidhean a bheireadh buaidh air lagh na croitearachd. Chaidh aire a thoirt do na puingeann sin nuair a chaidh beachdachadh air na roghainnean gu h-ìosal.

Tha na roghainnean a' toirt a-steach bho bhith toirt reachdas croitearachd iomlan bho 1993 air adhart a-steach do dh'aon àite gun a bhith ag atharrachadh a bhuaidh - "daingneachadh" – gu bhith cur air adhart sealladh ùr bho dhuilleag fhalamh.

Tha a' chaibideil seo den cho-chomhairle a' sireadh bheachdan air seallaidhean air ath-leasachadh de reachdas na croitearachd. Chaidh na roghainnean a leanas a chomharrachadh mar sheallaidhean a dh'fhaodar leantainn. Faodaidh luchd-freagairt cuideachd smaoineachadh air roghainnean eile, nam measg sealladh neo-reachdail air atharrachadh, agus tha Ceist 2 a' leigeil le luchd-freagairt molaidhean a chur air adhart.

Tha cuid de luchd-ùidhe air nochdadh gur e aon de na prìomh dhùbhlanan a tha mu choinneimh reachdas croitearachd gu bheil e duilich do chroitearan a thuigsinn, agus nam biodh e comasach dèiligeadh ri seo, dh'fhaodte nach biodh uimhir de dh'fheum air atharrachadh reachdail. Is e aon bheachd mu bhith a' dèiligeadh ri seo gum faodar stiùireadh mionaideach a thoirt do chroitearan mu na cuspairean a tha mun coinneimh aig amannan sònraichte ann am beatha croitear (leithid nuair a thèid croit a shònrachadh dhaibh, a bhith nan sealbhadairean-còmhnaidh no a' clàradh croit).

Tha Riaghaltas na h-Alba agus Coimisean na Croitearachd aig an àm seo an sàs ann an còmhraidhean mu bhith ag ath-sgrùdadh agus ag ùrachadh an stiùiridh a tha an Coimisean a' cur a-mach mu thràth, mar as urrainnear a dhèanamh nas mionaidiche agus mar as urrainnear a chuirteachadh nas fharsainge agus nas fhasa. Ghabhadh an stiùireadh seo ùrachadh a rèir feuma agus atharrachaidhean ann an lagh na croitearachd a thoirt a-steach, nam measg rèiteachadh eadar-amail sam bith a dh'fhaodadh a bhith riatanach ma thèid an reachdas làthaireach atharrachadh.

## Roghainn 1 – Bile Daingneachaidh

Bheir Bile Daingneachaidh grunn phiosan reachdais air cuspair lagha còmhla gu bhith ann an aon Achd. Tha e na dhòigh air reachdas a sgioblachadh mun chuspair sin agus a dhèanamh nas fhasa do dhaoine faighinn chun reachdais sin. Cuidichidh sin le bhith ag adhartachadh tuigse air an lagh mun chuspair sin gus am faighear na tha a dhith anns an aon àite, às aonais a bhith a' beachdachadh air atharrachaidhean san reachdas no bhith a' tuigsinn mar a tha dìofar phiosan reachdais ag obair còmhla.

Chan eil e comasach tron phròiseas Pàrlamaideach airson Bilean Daingneachaidh atharrachaidhean susbainteach a dhèanamh no a bhith a' cur ris an lagh.

Tha Earrann 52 de dh'Achd Ath-leasachadh na Croitearachd (Alba) 2010 a' toirt seachad meadhan reachdail (Òrdugh) gus tomhas de dh'atharrachadh a cheadachadh airson lagh croitearachd a dhaingneachadh. Chaidh seo a dhealbhadh gus am bi e comasach an reachdas croitearachd làthaireach atharrachadh gus dèiligeadh ri neo-chunbhalachd no uireasbhuidhean far am feumar fuasgladh fhaighinn mus biodh e comasach dha daingneachadh a dhol air adhart. Chan urrainnear an Òrdugh seo a dhèanamh ach aon uair 's gun tèid Bile gus reachdas croitearachd a dhaingneachadh air adhart anns a' Phàrlamaid agus tha crìochan air an t-seòrsa atharrachaidhean as urrainn an cumhachd seo a cheadachadh.

Tairbhean:

- Bheireadh e laghan croitearachd gu lèir a-steach don aon Achd, gus am biodh e nas ruigsinnich.
- Dh'fhaodate gu bheil cothroman beaga ann gus dèiligeadh ri neo-chunbhalachd no uireasbhuidhean anns an reachdas làthaireach.
- Dh'fhaodadh an roghainn seo, le ùrachadh ann an stiùireadh do chroitearan is uachdarain na chois, a bhith a' toirt seachad tuigse nas fheàrr air lagh na croitearachd agus mar a tha e ag obair.

Mì-thairbhean:

- A rèir eòlais cha bhi Bilean Daingneachaidh an-còmhnaidh a' libhrigeadh na thathas ag iarraidh, leis nach eil mòran comas ann air reachdas làthaireach atharrachadh agus mar sin gu tric tha cuspairean ann air am biodh a h-uile duine ag iarraidh fuasgladh fhaighinn a thathas dìreach ag ath-aithris.
- Gu ìre mhòr cha deidheadh fuasgladh fhaighinn air cuspairean leithid an fheadhainn a dh'aithnich Cruinneachadh nan Laghan Croitearachd.
- Chan eil seo a' toirt comas seachad gus reachdas a dhèanamh nas sùbailte.

## Roghainn 2 – Bile ag atharrachadh reachdas làthaireach / Bile Ro-Dhaingneachaidh

Bhiodh an roghainn seo a' feumachdainn dòigh-obrach dà Bhile airson gun deidheadh a choileanadh gu h-iomlan. Bhiodh feum air Bile croitearachd ro-dhaingneachaidh no atharrachaidh a chur ri chèile anns am biodh atharrachaidhean air laghan croitearachd làthaireach, ach cha toireadh e lagh na croitearachd gu h-iomlan còmhla ann an aon phìos reachdais. Dhèanadh Bile Croitearachd mar seo atharrachaidhean air grunn chuspairean co-cheangailte ri lagh croitearachd. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh e dèiligeadh ri cuid de na cuspairean a chaidh ainmeachadh ann an aithisg Shucksmith no anns a' Chruinneachadh Laghan Croitearachd (*Crofting Law Sump*).

Dh'fhaodadh am Bile seo a bhith mar ro-ruithear don dàrna pìos reachdais, Bile Daingneachaidh (mar ann an Roghainn 1). Leis gun deach grunn atharrachaidhean a chaidh iarraidh air reachdas làthaireach anns a' Bhile Ro-dhaingneachaidh, dh'fhaodar an dàrna Bile an uair sin a thoirt air adhart gus an reachdas croitearachd buntainneach air fad a dhaingneachadh, agus bhiodh sin a' ciallachadh gum biodh reachdas croitearachd gu lèir san aon àite. Ach, cha bhiodh e comasach an dà chuid am Bile Ro-dhaingneachaidh agus am Bile Daingneachaidh fhaighinn tron t-seisean Pàrlamaideach làthaireach (a' crìochnachadh ann an 2021). Bhiodh seo a' ciallachadh gur ann san àm ri teachd a thachradh daingneachadh, agus bhiodh an co-dhùnadh sin an urra ri rianachd Riaghaltas na h-Alba san àm ri teachd.

Le sin a ràdh, tha cothrom ann reachdas den nàdar seo a thoirt air adhart aig an àm seo, eadhon às aonais daingneachadh agus bhodh cothrom ann dèiligeadh ri barrachd chuspairean na bhiodh comasach fo Bhile Daingneachaidh (roghainn 1).

Tairbhean:

- Faodaidh reachdas togail air cuspairean prìomhachais luchd-ùidhe, fhad 's a bhiodh aonta ann air na prìomhachasan sin agus mar a gheibhear fuasgladh orra.
- Cothrom ann air cuid de chuspairean lagh croitearachd a shìmpleachadh, a rèir dè seòrsa atharrachaidhean a nithear.
- Cothrom ann dèiligeadh ri cuid de na cuspairean/draghan a thog luchd-ùidhe.

Mì-thairbhean:

- Chan eil mòran cothrom ann dèiligeadh ris a h-uile cuspair a thog luchd-ùidhe, agus, mar sin, faodaidh iarrtas leantainn airson tuilleadh atharrachadh reachdail.
- Chan eil mòran cothrom ann dèiligeadh ri iarrtas airson lagh croitearachd a shìmpleachadh.
- Bhiodh fhathast grunn fhilltean ann de lagh croitearachd atharraichte a leanadh gus an deidheadh laghan a dhaingneachadh (anns an ath sheisean Pàrlamaideach aig a' char as luaithe).

### **Roghainn 3 – Bile ag atharrachadh reachdas làthaireach agus ag ath-aithris lagh croitearachd**

Fon roghainn seo, dheidheadh Bile Croitearachd a thoirt air adhart anns am faodar cuid de dh'atharrachaidhean susbainteach air laghan croitearachd a bhith agus a dh' fhaodadh ath-aithris a dhèanamh air cuid no gu h-iomlan air laghan làthaireach. Cha bhiodh feum ach air pìosan nas lugha de reachdas croitearachd, 's dòcha dìreach aon phìos a-mhàin. San t-sealladh seo dheidheadh feuchainn ri àireamh laghan croitearachd a lùghdachadh aig an aon àm ri bhith gan atharrachadh. Dh'fhaodadh gun gearradh an roghainn seo an cothrom air na h-uimhir de dh'atharrachaidhean air susbaint fhaighinn a-steach ann an coimeas ri roghainn 2. Mar sin bhiodh e cudromach deagh aonta a bhith ann a thaobh nam prìomhachasan airson ath-leasachadh mus deidheadh Bile na Croitearachd a dhealbhadh.

Tairbhean:

- Tha an sealladh seo a' dèanamh comasach cothromachadh a thaobh a bhith dèanamh cuid de na prìomh ath-leasachaidhean agus a bhith a' toirt laghan croitearachd còmhla taobh a-staigh an t-seisein Pàrlamaidich seo.
- Tha barrachd cothrom ann dèiligeadh ri cuspairean a thaobh dealbhadh agus toinnteachd an lagha làthairich, leis nach bi na riaghailtean teann mu dhaingneachadh a' buntainn ris.
- Dh'fhaodadh e, ann am prionnsabal, dèiligeadh ri mòran de na cuspairean a chaidh a thogail co-cheangailte ris an reachdas làthaireach, ach bhiodh feum air tomhas de dh'aonta am measg luchd-ùidhe mu dè a tha nam prìomh chuspairean agus ciamar as fheàrr fuasgladh fhaighinn orra.

Mi-thairbhean:

- Dh'fhaodadh gun toireadh e ùine mhòr an seòrsa Bile seo a sgrìobhadh a rèir nan cuspairean ris an deidheadh dèiligeadh agus a rèir a bheil aonta ann mu na dòighean anns am b'urrainn fuasgladh fhaighinn orra.
- Tha coltas ann gum biodh raointean reachdais làthaireach ann nach bi ag atharrachadh, agus mar sin dh'fhaodadh gu leanadh iarrtas airson tuilleadh atharrachaidhean reachdail (mar eisimpleir, is dòcha nach làimhsicheadh e an gairm airson sìmpleachadh ann an lagh na croitearachd).
- Dh'fhaodadh nach toireadh reachdas ùr fhatthast seachad an t-sùbailteachd a tha cuid ag iarraidh.

## Roghainn 4 – Bile a' cur air adhart lagh croitearachd 'ùr'

Tha cuid de luchd-ùidhe air a bhith ag argamaid airson sealladh “duilleag bhàn” , gus reachdas fìor ùr a thoirt a-steach. Ana-coltach ri ath-aithris, far an deidheadh mòran den lagh làthaireach a ghlèidheadh ann an cruth a choireigin, leigeadh an roghainn seo le sealladh gu tur ùr a thoirt air leasachadh reachdas croitearachd. Dh'fhaodadh “Bile duilleag bhàn” lagh croitearachd a stèidheachadh mar a bhiodh e an sàs san àm ri teachd agus dheidheadh lagh sam bith air nach robh feum tuilleadh ais-ghairm. Fon roghainn seo, dh'fhaodadh na briathran a dhol an àite nam molaidhean anns a' Chruinneachadh Laghan Croitearachd, mar eisimpleir, (ged a dh'fhaodadh iad sin fhathast a bhith mar fhiosrachadh do leasachadh an reachdais ùr).

Tha an roghainn seo a' toirt seachad raon de chothroman timcheall cruth is mion-fhiosrachadh lagh na croitearachd. Aig a' char as fhaide, dh'fhaodadh e leantainn gu bhith na reachdas glè mhionaideach no stèidhichte air prionnsapalan àrd-ìre (agus an còrr air a thoirt a-steach ann am measgachadh de stiùireadh is riaghailtean). Gu dearbh, tha grunn shuidheachaidhean eile eadar an dà cheann cuideachd.

Tha cothrom ann le bhith ag ullachadh pìos ùr de reachdas mionaideach gum faighear aithris fharsaing agus chinnteach mu lagh na croitearachd. Bheireadh e seachad cothrom fuasglaidhean ùra a lorg airson duilgheadasan làthaireach agus dh'ùraicheadh e frèam-obrach an lagha ann an dòigh a bhiodh iomchaidh do chroitearachd san latha a th' ann. Dh'fheumadh seo co-aontachd a thogail mun t-sealladh ùr thairis air beagan ùine agus an uair sin aonta fhaighinn air dè bhiodh riatanach a chur anns an lagh.

Tha an t-sealladh seo cuideachd a' toirt seachad an cothrom as fheàrr airson gun deidheadh reachdas croitearachd a sgrìobhadh anns an dòigh cheart gus dèiligeadh ris an seòrsa dùbhlana a dh'fhaodadh a thighinn mu choinneimh croitearachd san àm ri teachd. Ach, tha e coltach gun toireadh seo ùine mhòr mus tachradh e.

Tairbhean:

- Cothrom ann air reachdas croitearachd gu tur ùr a chruthachadh gus coinneachadh ris na dùbhlana san àm ri teachd.
- A' toirt seachad cothrom air sealladh nas sìmplidhe agus nas sùbailte airson lagh croitearachd a thoirt air adhart, nam biodh e comasach sealladh ùr aithneachadh.
- Dh'fhaodadh gum biodh e a' ciallachadh nach biodh feum air tuilleadh ath-leasachadh ann an lagh croitearachd airson ùine mhòr.

Mi-thairbhean:

- Dh'fhaodte gum biodh co-aontachd mu shusbaint reachdas ùr duilich a ruighinn.
- Leis fhèin dh'fhaodadh gun toireadh a' cho-aontachd air a bheil feum agus leasachadh a' Bhile ùine mhòr.
- Mar as motha a bhios an t-atharrachadh, is ann as fhaide a bheir e do chroitearan agus don choimhearsnachd croitearachd gluasad gu bhith a' fàs cleachdte ris agus agus a' faighinn tuigse air an lagh ùr.

## Seallaidhean eile

Dh'fhaodadh nach bi seallaidhean reachdail air ath-leasachadh reachdas croitearachd air a chuingealachadh ris na roghainnean a chaidh ainmeachadh anns a' cho-chomhairle seo. Cuideachd dh'fhaodadh luchd-freagairt a bhith a' creidsinn nach eil feum sam bith air reachdas làthaireach na croitearachd atharrachadh, agus gum biodh e comasach croitearachd a thoirt air adhart tro mheadhanan eile (m.e. stiùireadh nas fheàrr, Plana Leasachaidh Nàiseanta airson croitearachd, a' cur air adhart sgeamaichean taice ùra agus mar sin air adhart).

Nan tigeadh beachdan eile a thaobh nan seallaidhean sin am bàrr, nam measg gun a bhith ag atharrachadh reachdas idir, faodar cunntas a dhèanamh orra nuair a thathas a' freagairt Ceist 2.

### Ceist 2

Tagh an roghainn as fheàrr leat a tha a' comharrachadh nad bheachd-sa an dòigh air adhart as freagarraiche le ath-leasachadh lagh croitearachd sam bith. Ma tha thu airson sealladh eile a chur air adhart air nach deach beachdachadh gu h-àrd, tagh 'eile' agus thoir seachad mion-fhiosrachadh.

1.

2.

3.

4.

Eile

Minich do fhreagairt, agus beach sam bith eile a th'agad mu ghin de na roghainnean sin.

### Earrann 3 – Prìomhachasan reachdail sònraichte

Às deidh beachdachadh air na roghainnean reachdail anns an earrann roimhe seo, tha an caibideil seo a' sgrùdadh chuspairean a tha gu sònraichte ceangailte ri reachdas croitearachd agus mar a dh'fhaodadh a adhartachadh gus cuideachadh le soirbheachas na croitearachd.

Tha e cudromach aithneachadh gu bheil na beachdan-smuain anns a' chaibideil seo a' buntainn ri aon chuid na tha ann an reachdas làthaireach (agus a b'urrainn ath-sgrùdadh) no nas urrainn a làimhseachadh tro Bhile ùr. Chan eil e a' toirt a-steach cuspairean a tha neo-reachdail nan nàdar, ged a dh'fhaodadh iad a bhith cho cudromach neo nas cudromaiche dhaibhsan ann an coimhearsnachd croitearachd.

A' leantainn air na coinneamhan ceangail tràth a chaidh air adhart eadar Sgioba Bile Croitearachd Riaghaltas na h-Alba agus iadsan aig a bheil ùidh ann an croitearachd, bha e soilleir gu bheil mòran bheachdan ann thairis air na sgìrean croitearachd a thaobh na prìomhachasan a bu chòir a bhith ann airson reachdas croitearachd san 21mh linn. Mar sin, is e rùn a' chaibideil seo cuideam a chur air na prìomh chuspairean a chaidh a thogail agus ceistean a chur gus comharrachadh far am bu chòir na prìomhachasan a bhith airson lagh na croitearachd san àm ri teachd.

Tha feum air beachdachadh air na prìomhachasan sin ann an co-theacsa nan dùbhlanan ris am bi dùil nochdadh a thaobh amasan nas fharsainghe aig Riaghaltas na h-Alba airson croitearachd (leithid a bhith a' brosnachadh leasachadh eaconamach no a' brosnachadh fàs san t-sluagh ann an sgìrean croitearachd). Dh'fhaodadh gum feumar sùim a thoirt do ghnothaichean eile, leithid an RA a' fàgail an Aonaidh Eòrpaich. Thig atharrachadh air an roinn àiteachais, a bharrachd air croitearachd, agus dh'fhaodte gum bi buaidhean sònraichte ann air poileasaidh àiteachais is croitearachd san àm ri teachd. Bhiodh buaidh aig leasachaidhean mar sin air an t-slighe airson atharrachadh reachdail agus air na prìomhachasan airson reachdas na croitearachd.

Chaidh na prìomhachasan a chaidh a shuidheachadh a thaghadh mar na cuspairean as cumanta a chaidh a thogail ann an diofar fhòraman is ann an grunn phàipearan. Tha seo a' toirt a-steach aithisg Coimisean an REC '[Review of Priorities for Crofting Law Reform](#)', aithisg Buidheann Cruinneachadh Laghan Croitearachd 2014, aithisg Shucksmith ann an 2008, agus na seiseanan ceangail tràth le luchd-ùidhe a chum Sgioba Bile na Croitearachd.

Thoir an aire gu bheil na leanas air an liostadh ann an òrdugh na h-abideil, agus chan ann ann an òrdugh cudromachd no prìomhachais. A bharrachd air sin, tha na h-eisimpleirean anns gach earrann mar thaghadh de chuid de na freagairtean a fhuair Sgioba a' Bhile fhad 's a bha iad an sàs anns an obair cheangail thràth. Cha bu chòir smaoinichadh orra mar liosta iomlan den h-uile gnothach a chaidh a thogail mu choinneimh gach cuspair, no an seòrsa rud a b'urrainn (no a dheidheadh) beachdachadh air mar phàirt de Bhile sam bith. Leis gu bheil briathran no raointean croitearachd anns nach eil a h-uile neach-freagairt an sàs gu cunbhalach, tha beag-fhaclair ri fhaighinn sa cho-chomhairle seo a tha a' toirt mìneachadh air na briathran as cumanta.



## i. Neo-làthaireachd, Ana-cleachdadh agus Dearmad

### Co-theacsa

Ann an reachdas croitearachd làthaireach tha dleastanasan a dh'fheumas croitearan a choileanadh co-cheangailte ri làthaireachd, cleachdadh, ana-cleachdadh agus dearmad chroitean. Feumaidh croitearan:

- A bhith a' còmhnaidh gu h-àbhaisteach air a' chroit, no a bhith a' fuireach taobh a-staigh 32 cileamatair bhon chroit;
- Gun a bhith ag ana-cleachdadh no a' dearmad na croit; agus,
- A bhith ag àiteach na croit, no ga cur gu adhbhar susbainteach eile.

Is e amas nan riathanasan sin a bhith a' toirt taic do bhith a' glèidheadh an t-sluaigh ann an sgìrean croitearachd a bharrachd air a bhith dèanamh cinnteach gu bheil fearann na croit air a riaghladh gu gnìomhach. Gus taic a thoirt do seo, tha e na riathanas fo reachdas làthaireach air croitearan aithisg a chur a-steach gach bliadhna tron Chunntas-sluaigh Croitearachd, agus tha dleastanas air a' Choimisean a bhith gnìomhach uair sam bith a thathas a' briseadh dhleastanasan.

Gu ruige seo, cha do thachair an t-àrdachadh a bhathas a' sireadh ann a bhith a' cur an-ghnìomh dleastanasan a' Choimisein, ged a bha an Achd fhathast ga iarraidh agus ged a tha an Coimisean a' leantainn orra le bhith ga ainmeachadh mar phrìomhachas anns na planaichean foillsichte aca.

Rinn Aithisg is Cunntasan Bliadhnail<sup>13</sup> 2015-16 Coimisean na Croitearachd aithris, mar eisimpleir, gun do dh'innis na 12,900 foirm Cunntas-sluaigh Croitearachd a thàinig a-steach, gun robh 91.5% ag ràdh gu robh iad a' fuireach air a' chroit aca agus 94.6% ag ràdh gun robh iad ag àiteach agus a' cumail suas na croitean aca no gan cur gu feum susbainteach. Tha an aithisg cuideachd ag ràdh gun d' fhuair an Coimisean, anns a' bhliadhna sin, còig aithrisean gum faodadh gun deach dleastanasan a bhriseadh agus, mar thoradh air sin, gun chur iad a-mach dà fhios de bhriseadh dleastanais.

### Eisimpleirean

*Thoir an aire gu bheil na h-eisimpleirean gu h-ìosal dìreach a' nochdadh cuid de shuidheachaidhean. Chan eil iad a' feuchainn ri aithris gur e seo liosta choileanta de gach gnothach a chaidh a thogail mu choinneimh gach cuspair.*

Chaidh grunn bheachdan a thogail le oifigearan Riaghaltas na h-Alba co-cheangailte ri neo-làthaireachd agus dearmad. B' e aon beachd a chaidh a chur air adhart gu robh fearann croit air a dhearmad mar thoradh air neo-làthaireachd, a' lughdachadh ion-obrachadh croitearachd anns na sgìrean a bha fo bhuaidh. Chuir cuid am beachd air adhart nach bu chòir neo-làthaireachd fhaicinn mar dhuilgheadas ach nuair a nochdas dearmad mar thoradh air, ach thuirt cuid eile gu bheil neo-làthaireachd, eadhon ged a bhiodh fearann air a riaghladh tro rèiteachadh màladair neo-fhoirmeil no foirmeil, a' ciallachadh nach eil croitean rim faighinn le daoine ùra.

Chuir cuid de luchd-ùidhe am beachd air adhart gu bheil na buannachdan a thig bho chroitearachd a' tighinn bho bhith a' riaghladh an fhearainn gu gnìomhach. Anns an t-suidheachadh seo, is dòcha gum bu chòir a bhith a' brosnachadh gnìomhachd tro na meadhanan as iomchaidh agus gun a bhith teann a thaobh riaghailtean mu neo-làthaireachd is dearmad.

Chuir feadhainn eile am beachd air adhart gun robh buannachdan a' tighinn bho chroitearan a bha gnìomhach, agus a' fuireach san sgìre ionadail. Anns an t-suidheachadh seo, is dòcha gum bu chòir croit a thoirt air falbh bho chroitear nach eil an làthair no croitear a tha ag adhbhrachadh dearmad. Leigeadh seo le neach ùr no neach-còmhnaidh ionadail a' chroit a ghabhail thairis agus cur nas èifeachdaiche ri seasmhachd na coimhearsnachd croitearachd.

Dh'fhaodadh gu bheil seallaidhean measgaichte ann airson dèiligeadh ri neo-làthaireachd no dearmad a rèir suidheachaidhean ionadail, agus bhiodh feum air seallaidhean eadar-dhealaichte a thaobh atharrachadh reachdail, riaghladh no gach cuid. Dh'fhaodadh gum biodh na bu lugha de bhith cur reachdas an gnìomh nas iomchaidh ann an cuid de sgìrean ann an coimeas ri bhith cruaidh agus/neo reachdas a chur an gnìomh nas teanna ann an àiteachan eile.

### **Ceist 3**

A) Dè na prìomh chothroman nad bheachd-sa a tha ann airson atharrachadh a thaobh Neo-làthaireachd, Ana-cleachdadh agus Dearmad?

B) Dè na pàirtean sònraichte den reachdas làthaireach air a bheil thu eòlach a thaobh Neo-làthaireachd, Ana-cleachdadh agus Dearmad a b' urrainn atharrachadh gus cuideachadh le bhith dèiligeadh ris na cuspairean sin?

C) Dè na buaidhean prataigeach nad bheachd-sa a bhiodh aig na h-atharrachaidhean reachdail sin (m.e. ionmhasail, àrainneachdail, sòisealta, co-ionannachd no buaidhean eile)?

D) A bharrachd air atharrachaidhean reachdail, a bheil dòigh sam bith eile nas iomchaidh anns am faodar dèiligeadh ri cuspairean co-cheangailte ri Neo-làthaireachd, Ana-cleachdadh agus Dearmad?

Thoir seachad beachd sam bith eile a th' agad a thaobh Neo-làthaireachd, Ana-cleachdadh agus Dearmad.

## **ii. Sònrachadh agus Còir-sheilbh (*Assignment and Succession*)**

### **Co-theacsa**

Tha reachdas mu shònrachadh agus còir-sheilbh a' toirt dìon deatamach do chroitèaran, a' leigeil le croitean a bhith air an cur thairis no an sealbhachadh.

Tha reachdas sònrachaidh a' riaghladh a' phròiseas tro bheil croitear a' cur thairis croit aon chuid gu croitear eile no gu croitear ùr a thaghas iad.

Tha reachdas còir-sheilbh a' dèiligeadh ri dà shuidheachadh co-cheangailte ri neach nach maireann.

- Còir-sheilbh le tiomnadh, far am bi croitear a' dèanamh tiomnadh a dh'ainmicheas an neach a tha iad a' miannachadh a ghabhas an gabhaltas agus/no na h-earrannan ann an cùl-cinn; no,
- Còir-sheilbh gun tiomnadh, a' mìneachadh an còir-sheilbh gu oighreachd an neach nach maireann às aonais tiomnadh no tiomnadh nach urrainnear a choileanadh.

## Eisimpleirean

*Thoir an aire gu bheil na h-eisimpleirean gu h-ìosal dìreach a' nochdadh cuid de shuidheachaidhean. Chan eil iad a' feuchainn ri aithris gur e seo liosta choileanta de gach gnothach a chaidh a thogail mu choinneimh gach cuspair.*

Ged is e glè bheag de phuingeann co-cheangailte ri sònrachadh agus còir-sheilbh a thog na seiseanan ceangail tràth a chur Riaghaltas na h-Alba air adhart, thàinig Aithisg Cruinneachadh Lagha na Croitearachd (*Crofting Law Sump Report*) a-mach le grunn chuspairean nas teicniciche. Chaidh cuideam a chur air cho cudromach 's a tha dealbhadh math airson còir-sheilbh, agus cuideachd cho cudromach 's a tha e gun tèid tiomnadh a sgrìobhadh gus am pròiseas rianachd a tha gu tric toinnte co-cheangailte ri còir-sheilbh gun tiomnadh, a sheachnadh.

Chaidh puing a thogail mu shuidheachadh nuair a bhàsaicheas croitear gun tiomnadh, feumaidh neach-cùraim an tiomnadh fios a chur a-mach taobh a-staigh 24 mìos bho àm bàs a' chroiteir (no an ceann-là buntainneach) ma tha an gabhaltas gu bhith ga chur thairis. Bha cuid de chroitearan den bheachd gun robh an ùine seo ro ghoirid agus nach robh iad a' faicinn adhbhar carson nach deidheadh a leudachadh. Is e a' bhuidhe mura tèid an gabhaltas a chur thairis taobh a-staigh 24 mìos gum faod an t-uachdaran ceumannan a ghabhail gus an gabhaltas a thoirt gu crìch.

A bharrachd air sin, bha cuid eile den bheachd gun robh neo-chunbhalachd ann eadar riaghailtean còir-sheilbh gun tiomnadh agus na riaghailtean airson croit ùr a shònrachadh do chroitear ùr a' tighinn a-steach, neo-chunbhalach. Leigidh riaghailtean còir-sheilbh gun tiomnadh le neach-cùraim an tiomnadh no an t-uachdaran an gabhaltas a chur thairis gu neach a thaghas iad às aonais croitear ùr sam bith sealltainn gu bheil iad comasach no an dùil cumail ris a h-uile riaghailt reachdail a tha deatamach airson a bhith nad chroitear. Chan eil uimhir de riatanas an cois seo na tha an cois sònrachadh, far am feumar beachdachadh am bi e comasach don mhàladair ùr ri mholadh am bi e/i comasach air seo a choileanadh.

### Ceist 4

A) Dè na prìomh chothroman a tha ann nad bheachd-sa airson atharrachadh a thaobh Sònrachadh agus Còir-sheilbh?

B) Dè na pàirtean sònraichte den reachdas làthaireach air a bheil thu eòlach a thaobh Sònrachadh agus Còir-sheilbh a b'urrainn atharrachadh gus cuideachadh le bhith dèiligeadh ris na cuspairean sin?

C) Dè na buaidhean prataigeach nad bheachd-sa a bhiodh aig na h-atharrachaidhean reachdail sin (m.e. ionmhasail, àrainneachdail, sòisealta, co-ionannachd no buaidhean eile)?

D) A bharrachd air atharrachaidhean reachdail, a bheil dòigh sam bith eile nas iomchaidh anns am faodar dèiligeadh ri cuspairean co-cheangailte ri Sònrachadh agus Còir-sheilbh?

Thoir dhuinn beachd sam bith eile a th' agad a thaobh Sònrachadh agus Còir-sheilbh.

### iii. Cùl-cinn (Ionaltradh coitcheann)

#### Co-theacsa

Tha timcheall air 1,000 Cùl-cinn anns na sgìrean croitearachd. Gu traidiseanta, is iad sin raointean fearainn anns a bheil roinnean aig croitearan a leigeas leotha àite ionaltraidh dhan sprèidh aca. Tha an ionaltradh ann an sealbh uachdarain ach is glè bheag de chòraichean a tha aig an uachdaran air an fhearann seo leis gu bheil e ceangailte gu tèarainte ri croitean (agus chan urrainnear gu furasta a thoirt a-mach à croitearachd).

Mar as trice, bidh Cùl-cinn air a riaghladh le Comataidhean Ionaltraidh, agus aig an àm seo tha timcheall air leth dhiubh aig a bheil comataidhean san dreuchd. Bidh Comataidhean Ionaltraidh a' dèanamh riaghailtean airson smachd a chumail air cleachdadh agus cuideachadh le riaghladh. Ann an Achd 1993 tha ullachaidhean a thaobh cur an dreuchd agus obair Chomataidhean Ionaltraidh. Tha Comataidh Ionaltraidh ann an timcheall air leth de na Cùl-cinn iomlan.

Tha croitearan aig a bheil ùidhean ann an Cùl-cinn nan roinn-sheilbhichean anns na cùl-cinn sin, a' toirt dhaibh cuid de chòraichean agus dhleastanasan a tha ainmichte ann an reachdas a thaobh cleachdadh.

#### Eisimpleirean

*Thoir an aire gu bheil na h-eisimpleirean gu h-ìosal dìreach a' nochdadh cuid de shuidheachaidhean. Chan eil iad a' feuchainn ri aithris gur e seo liosta choileanta de gach gnothach a chaidh a thogail mu choinneimh gach cuspair.*

Chaidh measgachadh de chuspairean a thogail mu chùl-cinn agus tha cus ann airson am mineachadh sa cho-chomhairle seo. Bha cuid de na cuspairean a chaidh a thogail a' dèiligeadh ri draghan mu:

- dìth soilleireachd anns a' chruth laghail a tha an cois Comataidh Ionaltraidh (b'e aon bheachd gum bu chòir don Bhile roghainn de chruth laghail a thoirt seachad, eadar Comataidh traidiseanta le beagan chumhachdan is buidheann le structar foirmeil le raon farsaing de chumhachdan is dhleastanasan);
- mhì-chinnt mu dè an seòrsa gnìomhachd neo-àiteachail anns am faodar a bhith an sàs air Cùl-cinn (agus cò a gheibheadh buannachd bhuapa);
- bhith a' brosnachadh com-pàirt ann an Comataidhean agus/no cleachdadh na Cùl-cinn fhèin (nam measg a bhith ag adhartachadh an cuid ion-obrachadh eaconamach);
- riaghladh agus/no cleachdadh ionmhas Chomataidhean airson adhbharan eile a bharrachd air a bhith a' leasachadh no a' cumail suas fearann airson adhbharan ionaltraidh;
- bhith an sàs leis a' choimhearsnachd ionadail nas fharsainge, agus comas a bhith aig neach a bharrachd air na Comataidhean na cùl-cinn a riaghladh;
- cò air a tha an uallach airson roinnean ionaltraidh nach deach a chleachdadh ath-riarachadh;
- uallaichean is dhleastanasan roinn-sheilbhiche gnìomhach mu choinneimh neach neo-ghnìomhach, agus an ceangal eadar na dhà;
- comh-strì mun dhleastanas air Comataidh Ionaltraidh aithisg a chur a-steach;
- chuspairean timcheall sgaradh Roinnean Ionaltraidh bhon chroit agus a bhith a' cruthachadh chroitean measaidhte (*deemed crofts*) agus
- bhith cur an dreuchd, dleastanas agus cur à dreuchd Constabalan Ionaltraidh.

Tha Cùl-cinn na chuideachadh mòr do chroitearachd, do chroitearan agus do choimhearsnachdan croitearachd. Tha iarrtas mòr taobh a-staigh nam buidhnean sin airson dèanamh cinnteach gu bheil ionaltradh air a riaghladh ann an dòigh a bheir seachad buannachdan eaconamach, àrainneachdail agus buannachdan eile don choimhearsnachd.

## Ceist 5

- A) Dè na prìomh chuspairean agus chothroman a tha ann nad bheachd-sa a thaobh atharrachadh co-cheangailte ri Cùl-cinn?
- B) Dè na pàirtean sònraichte den reachdas làthaireach air a bheil thu eòlach a thaobh Cùl-cinn a b'urrainn atharrachadh gus cuideachadh le dèiligeadh ris na cuspairean sin?
- C) Dè na buaidhean prataigeach nad bheachd-sa a bhiodh aig na h-atharrachaidhean reachdail sin (m.e. ionmhasail, àrainneachdail, sòisealta, co-ionannachd no buaidhean eile)?
- D) A bharrachd air atharrachaidhean reachdail, a bheil dòigh sam bith eile nas iomchaidh anns am faodar dèiligeadh ri cuspairean co-cheangailte ri Sònrachadh agus Cùl-cinn?

Thoir dhuinn beachd sam bith eile a th' agad a thaobh Cùl-cinn.

## iv. Dleastanasan Riaghlaidh agus Pròiseasan Choimisean na Croitearachd

### Co-theacsa

Tha Coimisean na Croitearachd mar Bhuidheann Poblach Neo-riaghailteach (NDPB) air a bheil dleastanas airson croitearachd a riaghladh. Tha am bun-reachd, an cumhachd agus na dleastanasan aige air a shuidheachadh gu soilleir ann an Achd nan Croitearan (Alba) 1993, mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh na Croitearachd (Alba) 2007, Achd Ath-leasachadh na Croitearachd (Alba) 2010 agus Achd na Croitearachd (Atharrachadh) (Alba) 2013. Gheibhear tuilleadh mion-fhiosrachadh mu na h-Achdan sin, agus am frèam-obrach a lean bhupa, bho [Choimisean na Croitearachd](#).

Is e prìomh obair choitcheann Coimisean na Croitearachd a bhith a' riaghladh agus ag ath-eagrachadh croitearachd, agus a bhith a' brosnachadh ùidh ann an croitearachd agus a bhith a' cumail sùil air cuspairean croitearachd.

Air Bòrd a' Choimisein an-dràsta tha 6 Coimiseanairean Croitearachd a tha air an taghadh bho sgìrean croitearachd cruinn-eòlasach agus 3 Coimiseanairean air an cur nan dreuchd le Ministearan na h-Alba. Anns a' chathair tha Neach-gairm, a thèid a thaghadh le Ministearan na h-Alba (ged a dh'fhaodas seo a thiomnachadh gu na Coimiseanairean). A' cumail taic ris a' Choimisean tha timcheall air 60 neach-obrach, fo stiùir Àrd-oifigear, agus tha iad stèidhichte ann an Inbhir Nis.

Leis gu bheil an Coimisean ag obair taobh a-staigh frèam-obrach reachdas croitearachd, tha cothrom ann gum faodadh Bile sam àm ri teachd reachdas a tha buntainn ri gnìomhachd a' Choimisein agus am Bòrd aige, atharrachadh a bharrachd air na riatanasan a chaidh a chur air. Ach, bu chòir aithneachadh, gu bheil mòran de na dòighean-obrach aig a' Chominean nach eil air an cur sìos ann an reachdas.

Tha Coimisean na Croitearachd air a bhith ag obair air dòighean adhartach anns an urrainn dhaibh an cuid gnìomhachd a thoirt air adhart agus tha iad air grunn ghnìomhan a chur an sàs a bu chòir, ann am beagan ùine, adhartasan riatanach a thoirt gu buil. Tha eisimpleirean de seo a' toirt a-steach co-dhùnidhean tiomnaichte a thoirt air adhart agus a leudachadh bhon Bhòrd gu luchd-obrach Coimisean na Croitearachd, agus mar a chaidh an sàs o chionn ghoirid le luchd-ùidhe mu bhith ag adhartachadh mar a tha riaghailtean Cùl-cinn ag obair. Gu sònraichte, tha an Coimisean air simpleachadh a thoirt air an t-sealladh aca air tagraidhean gun strì agus gun chonnsaid, agus mar sin faodar a thighinn gu co-dhùnadh mun fheadhain sin cho luath 's a ghabhas dèanamh.

### Eisimpleirean

*Thoir an aire gu bheil na h-eisimpleirean gu h-ìosal dìreach a' nochdadh cuid de shuidheachaidhean. Chan eil iad a' feuchainn ri aithris gur e seo liosta choileanta de gach gnothach a chaidh a thogail mu choinneimh gach cuspair.*

Tha croitearan agus coimhearsnachdan croitearachd air grunn phuingean a thogail co-cheangailte ri Coimisean na Croitearachd, leithid:

- an ùine a tha e a' toirt airson cuid de phròiseasan riaghlaidh a thoirt gu ìre co-dhùnaidh. Dh'fhaodadh gu bheil cuid de na dàilean a tha croitearan agus uachdarain croit air fhiosrachadh, a' laighe air Coimisean na Croitearachd agus, air an làimh eile, dh'fhaodadh gu bheil cuid de dhàil ann an tagraidhean riaghlaidh air a thighinn bho riatanasan reachdail, cuingealachdan agus sgèilean-ama;
- gum bu chòir pròiseasan Coimisean na Croitearachd a shìmpleachadh far a bheil sin comasach, agus gum biodh stiùireadh ri fhaighinn mun deidhinn;
- mar as urrainn do cho-dhùnaidhean riaghlaidh Coimisean na Croitearachd cothromachadh a dhèanamh eadar am feum air cunbhalachd agus mothalachd do shuidheachaidhean ionadail agus iomadachd choimhearsnachdan croitearachd ann an diofar sgìrean; agus,
- am bu chòir an àireamh de Choimiseanairean taghte agus air an cur an dreuchd àrdachadh no ìsleachadh.

#### **Ceist 6**

A) Dè na prìomh chothroman a tha ann nad bheachd-sa airson atharrachadh a thaobh dleastanasan riaghlaidh Choimisean na Croitearachd?

B) Dè na pàirtean sònraichte den reachdas làthaireach air a bheil thu eòlach a thaobh dleastanasan riaghlaidh Choimisean na Croitearachd a b'urrainn atharrachadh gus cuideachadh le bhith dèiligeadh ris na cuspairean sin?

C) Dè na buaidhean prataigeach nad bheachd-sa a bhiodh aig na h-atharrachaidhean reachdail sin (m.e. ionmhasail, àrainneachdail, sòisealta, co-ionannachd no buaidhean eile)?

D) A bharrachd air atharrachaidhean reachdail, a bheil dòigh sam bith eile nas iomchaidh anns am faodar dèiligeadh ri cuspairean co-cheangailte ri dleastanasan riaghlaidh Choimisean na Croitearachd?

Thoir dhuinn beachd sam bith eile a th' agad a thaobh dleastanasan riaghlaidh agus dòighean-obrach Choimisean na Croitearachd.

## v. Clàradh Croitearachd

### Co-theacsa

Thug Achd 2010 air adhart riatanas airson gun stèidhicheadh agus gun cumadh suas Neach-glèidhidh Chlàran na h-Alba Clàr Croitearachd<sup>14</sup> poblach de chroitean, cùl-cinn is fearann air a chumail mar ruinn-ruithe. Tha an clàr a' sealltainn farsaingeachd fearainn is seilbh a tha buntainn ri croit air mapa den t-Suirbhidh Òrdanais.

Tha Clar nan Croitean ga dhèanamh comasach aithne thràth fhaighinn air còraichean seilbhe is crìochan gus soilleireachd a thoirt seachad mu raointean fearainn a tha co-cheangailte ri croit. Mar sin bidh e nas fhasa rianachd a chumail air ceannach is reic fearann san àm ri teachd agus dh'fhaodadh e a bhith taiceil gus connspaidean mu chrìochan a lughdachadh. Bhiodh e feumail cuideachd nam biodh crìochan chroitean air an clàradh nas mionaidiche gus am biodh e na b'fhasa barantasan-stannardach a thoirt seachad a thaobh fearann croit air mhàl (air aithris ann an fo-earrann vii gu h-ìosal) agus airson làraichean taigheadais.

Tha pròiseas Clàradh Croitearachd air ciallachadh gun deach grunn chùisean a dheasbad ann an Cùirt an Fhearainn, gu sònraichte far a bheil pàipearan bhon àm a dh'fhalbh a' toirt a-steach fianais eadar-dhealaichte mu càite a bheil na crìochan. Bhiodh e fada na b'fheàrr nam faighear fuasgladh tron phròiseas clàraidh air a h-uile mì-chinnt sin, ach chan eil e comasach ach na h-uimhir a dhèanamh gus seo a choileanadh.

Bhon t-Samhain 2012, tha an Clàr Croitearachd air a bhith fosgailte airson clàraidhean saor-thoileach. Bhon t-Samhain 2013, chaidh clàradh cuideachd a dhèanamh riatanach nuair a thachras tachartasan sònraichte leithid croitean a bhith air an sònrachadh, gan cur fo-mhàl no di-chroiteadh fearann. Gu ruige seo, chaidh 4,000 croit a-mach à timcheall air 16,000 a chlàradh.

Mar phàirt den phròiseas seo feumaidh an tagraiche, nuair a gheibh e/i an teisteanas clàraidh, fios a chur a-mach gu poblach mun chlàradh le bhith cur sanas, airson dà sheachdan às deidh a chèile, ann am pàipear-naidheachd ionadail agus a' cur fios suas air a' chroit.

Taobh a-staigh 9 mìos bho fhuarar fios, faodar dùbhlann a thogail a thaobh fiosrachadh a chaidh a chur air a' chlàr le bhith cur tagradh gu Cùirt an Fhearainn.<sup>15</sup>

### Eisimpleirean

*Thoir an aire gu bheil na h-eisimpleirean gu h-ìosal dìreach a' nochdadh cuid de shuidheachaidhean. Chan eil iad a' feuchainn ri aithris gur e seo liosta choileanta de gach gnothach a chaidh a thogail mu choinneimh gach cuspair.*

Fhad 's a bha an obair chom-pàirteachaidh thràth a rinn Riaghaltas na h-Alba a' dol air adhart, chaidh grunn draghan a thogail le croitearan a bha den bheachd gu bheil am pròiseas clàraidh sàrachail agus cosgail. Tha grunn luchd-ùidhe air ceist a thogail mun fheum a th' ann ùine, oidhirp is airgead a chosg air sanas anns a' phàipear ionadail agus air a' bheachd a chur air adhart gum faodar meadhanan eile nas eifeachdaich a thaobh cosgais a chleachdadh an àite sin (m.e. post a chur suas air làrach-lìn Coimisean na Croitearachd).

A bharrachd air sin, tha fianais co-cheangailte ri connspaidean crìche a nochdas tron phròiseas clàraidh croite a tha aig amannan dùbhlannach agus a dh'fhaodadh a bhith cosgail do na pàrtaidhean a tha an sàs ann a thaobh fuasgladh fhaighinn..

A) Dè na prìomh chothroman a tha ann nad bheachd-sa airson atharrachadh a thaobh Clàradh Croitearachd?

B) Dè na pàirtean sònraichte den reachdas làthaireach air a bheil thu eòlach a thaobh Clàradh Croitearachd a b'urrainn atharrachadh gus cuideachadh le bhith dèiligeadh ris na cuspairean sin?

C) Dè na buaidhean prataigeach nad bheachd-sa a bhiodh aig na h-atharrachaidhean reachdail sin (m.e. ionmhasail, àrainneachdail, sòisealta, co-ionannachd no buaidhean eile)?

D) A bharrachd air atharrachaidhean reachdail, a bheil dòigh sam bith eile nas iomchaidh anns am faodar dèiligeadh ri cuspairean co-cheangailte ri Clàradh Croitearachd?

Thoir dhuinn beachd sam bith eile a th' agad a thaobh Clàradh Croitearachd.

## vi. Croitean Sealbhadair-còmhnaidh

### Co-theacsa

Gu traidiseanta, bhiodh na croitearan nam màladairean air a' chroit, a' pàigheadh màl don uachdaran (aig an robh seilbh air an fhearann). Bho thàinig Achd Ath-leasachadh na Croitearachd (Alba) 1976 gu buil, tha e air a bhith comasach do chroitearan na croitean aca a cheannach airson 15 uiread a' mhàil bliadhna, a bhith gan gairm fhèin mar uachdaran agus aig an àm a bhith ag obair an fhearainn mar chroit. Chaidh an abairt 'croitear sealbhadair-còmhnaidh' a mhineachadh ann an Achd Ath-leasachadh na Croitearachd (Alba) 2010 an toiseach.

Tha cuspairean eile a' togail ceann mu chroitearan sealbhadair-còmhnaidh agus an suidheachadh taobh a-staigh an t-siostaim croitearachd. Is e a tha san amhairc an-dràsta gum biodh cothromachd co-ionann de chòraichean agus dhleastanasan aig gach cuid màladairean croite agus sealbhadairean-còmhnaidh taobh a-staigh an t-siostaim croitearachd, co-cheangailte ri còraichean coimhearsnachdan croitearachd agus daoine ùra a' tighinn a-steach do chroitearachd. Tha an reachdas làthaireach gu ìre mhòr a' comharrachadh a' phrionnsapail co-ionannachd seo, ach dh'fhaodadh atharrachaidhean a dhèanamh gus a neartachadh no tarraing air falbh bhuidhe.

Tha luchd-ùidhe air dragh a thogail a thaobh beàrn laghail teicniseach a chaidh aithneachadh san lagh làthaireach far nach eil inbhe 'croitearan sealbhadair-còmhnaidh' aig cuid de na sealbhadairean-còmhnaidh. Dh'fhaodadh cothrom a bhith anns a' Bhile airson seo atharrachadh, ma tha sin iomchaidh.



## Eisimpleirean

*Thoir an aire gu bheil na h-eisimpleirean gu h-ìosal dìreach a' nochdadh cuid de shuidheachaidhean. Chan eil iad a' feuchainn ri aithris gur e seo liosta choileanta de gach gnothach a chaidh a thogail mu choinneimh gach cuspair.*

Thathas air beachd fhaighinn gum faodadh sgrùdadh a dhèanamh air na cuspairean co-cheangailte ri sealbhadairean-còmhnaidh mar phàirt de dh'ath-sgrùdadh air reachdas. Mar eisimpleir, mhol aithisg Buidheann Cruinneachadh Laghan Croitearachd (*Crofting Law Group Sump Report*) san t-Samhain 2014 gu bheil feum air inbhe chroitearan sealbhadair-còmhnaidh a shoilleireachadh taobh a-staigh reachdas croitearachd, agus gum bu chòir nas lugha de dhiofar a bhith eadar sealbhadairean-còmhnaidh agus maladairean fon lagh. Gu dearbh, gum bu chòir a h-uile duine a tha a' còmhnaidh air croit a bhith fo na h-aon riaghailtean.

Thainig aithisg Comataidh an REC chun cho-dhùnadh “gum bu chòir sgrùdadh a dhèanamh air roghainnean mu mar a bu chòir sealbhadairean-còmhnaidh a bhith air an làimhseachadh taobh a-staigh na h-àrainneachd croitearachd gu mionaideach mar phàirt de cho-chomhairle Riaghaltas na h-Alba.”

Air an làimh eile, aig na tachartasan com-pàirteachaidh tràth, chaidh a' phuing a thogail leis gun tug Achd tùsail 1886 còraichean do chroitearan fon lagh mar mhàladairean, gur e dìreach croitean fo mhàl a bu chòir a thighinn a-steach do lagh na croitearachd. Mar sin, ma cheannaicheas croitear a chroit aca, bu chòir gun deidheadh a' chroit sin aon chuid a thoirt a-mach à còir-fhearainn no gum biodh cuid de chòraichean agus faighinn a-steach do sgeamaichean air an ainmeachadh an-dràsta airson màladairean croitearachd a thoirt air falbh bho dhuine a cheannaicheas croit.

### Ceist 8

A) Dè na prìomh chothroman a tha ann nad bheachd-sa airson atharrachadh a thaobh croitean le Sealbhadair-còmhnaidh?

B) Dè na pàirtean sònraichte den reachdas làthaireach air a bheil thu eòlach a thaobh Croitean Sealbhadair-còmhnaidh a b'urrainn atharrachadh gus cuideachadh le bhith dèiligeadh ris na cuspairean sin?

C) Dè na buaidhean prataigeach nad bheachd-sa a bhiodh aig na h-atharrachaidhean reachdail sin (m.e. ionmhasail, àrainneachdail, sòisealta, co-ionannachd no buaidhean eile)?

D) A bharrachd air atharrachaidhean reachdail, a bheil dòigh sam bith eile nas iomchaidh anns am faodar dèiligeadh ri cuspairean co-cheangailte ri Croitean Sealbhadair-còmhnaidh?

Thoir dhuinn beachd sam bith eile a th' agad a thaobh Croitean Sealbhadair-còmhnaidh.

## vii. Barantasan-stannardach (*Standard Securities*)

### Co-theacsa

Tha màladairean croite air ceist a thogail mu bhith gun chomas air ionmhas fhaighinn airson taigheadas no leasachadh ghnìomhachas. Tha seo na phrìomh chuspair ann an coimhearsnachdan croitearachd, agus tha e deatamach a thaobh a bhith ag àrdachadh sluagh ann an sgìrean iomallach, dùthchail agus a' neartachadh an eaconamaidh dhùthchail. Ma bhios dìth ionmhais ann, bidh sin na dhuilgheadas do chroitearan ann a bhith a' faighinn an ionmhais a tha riatanach airson taigheadas croit a leasachadh, a tha riatanach ann a bhith a' leasachadh agus a' dèanamh seasmhach coimhearsnachdan croitearachd air feadh nan sgìrean croitearachd.

Is e aon de na prìomh adhbharan airson dìth ionmhais nach eil e comasach fon lagh an-dràsta a thaobh màladairean croit, gun tèid barantas-stannardach a chur thairis air na gabhaltasan aca. Mar as àbhaist feumaidh croitearan a tha airson an còir air a' chroit a cheannach a chur an gnìomh fo earrann 12 de dh'Achd 1993, agus an uair sin faodaidh iad barantas-stannardach fhaighinn co-cheangailte rin cuid seilbh air tac na croit.

Gus am bi an so-mhaoin thèarainte nas tarraingiche do dh'iasadaichean, mar as trice feumaidh an t-seilbh a bhith air a dhì-chroiteadh gus nach bi e fo riaghladh Achd 1993. Nam biodh e comasach do bhancannan goireasan ionmhais a thabhann do chroitearan, dh'fhaodadh seo margaid ùr agus cothroman a chruthachadh do bhancannan airson an cuid gnìomhachais a sgaoileadh a-mach do sgìrean croitearachd.

Nuair a bhathas a' leasachadh Achd 2010, bha e na rùn don reachdas comas barantasan-stannardach a thogail thairis air gabhaltasan croitearachd, a thoirt a-steach. Ach, bha seo gu bhith toinnte, agus chaidh na briathran a thoirt a-mach anmoch ann an cùrsa a' Bhile tro Phàrlamaid na h-Alba. Bhon uair sin, tha Riaghaltas na h-Alba air grunn iartasan fhaighinn airson reachdas ath-stèidheachadh co-cheangailte ris a' chuspair seo.

### Ceist 9

A) Dè na prìomh chothroman a tha ann nad bheachd-sa bho bhith toirt seachad barantasan-stannardach thairis air gabhaltas croite?

B) Dè na buaidhean prataigeach nad bheachd-sa a bhiodh aig na h-atharrachaidhean reachdail sin (m.e. ionmhasail, àrainneachdail, sòisealta, co-ionannachd no buaidhean eile)?

C) A bharrachd air atharrachaidhean reachdail, a bheil dòigh sam bith eile nas iomchaidh anns am faodar dèiligeadh ri cuspairean co-cheangailte ri Barantasan-stannardach?

Thoir dhuinn beachd sam bith eile a th' agad a thaobh a bhith toirt seachad gabhaltasan croite.

## viii. Òrdugh prìomhachasan

Tha na h-earrannan roimhe seo air mìneachadh a dhèanamh air na prìomh chuspairean croitearachd a chaidh a thogail le Riaghaltas na h-Alba a thaobh reachdas. A thaobh na cuspairean a chaidh aithneachadh, dèan liosta nad fhreagairt airson Ceist 10 den fheadhainn a thu a' smaoinichadh a bu chòir prìomhachas fhaighinn airson ath-leasachadh Bile na Croitearachd, ann an òrdugh 'prìomhachas as àirde' an toiseach gu 'prìomhachas as ìsle' mu dheireadh.

Ma tha cuspairean eile co-cheangailte ri reachdas croitearachd no croitearachd nas fharsainge a tha thu a' faireachdainn a tha a dhìth, thoir seachad an fhiosrachadh agad le bhith a' freagairt Ceist 11.

### Ceist 10

Dèan liosta leis an 'ìre prìomhachais as àirde' an toiseach gu 'ìre prìomhachais as ìsle' mu dheireadh;

- 1) \_\_\_\_\_
- 2) \_\_\_\_\_
- 3) \_\_\_\_\_
- 4) \_\_\_\_\_
- 5) \_\_\_\_\_
- 6) \_\_\_\_\_
- 7) \_\_\_\_\_

(B' e na cuspairean a chaidh ainmeachadh Neo-làthaireachd, Ana-cleachdadh agus Dearmad; Sònrachadh agus Còir-sheilbh; Cùl-cinn; Dleastanasan riaghlaidh agus Dòighean-obrach Choimisean na Croitearachd; Clàradh Croitearachd; Croitean Sealbhadair-còmhnaidh; Barantasannardach)

### Ceist 11

A) A bheil prìomhachas sam bith eile ann a thaobh croitearachd air nach deach beachdachadh anns a' cho-chomhairle seo?

B) A bheil buaidh sam bith a dh'fhaodadh tighinn gun fhios mar thoradh air ath-leasachadh reachdas croitearachd?

Innse dhuinn mu bheachd sam bith eile a tha agad mun ath-leasachadh Reachdas Croitearachd a thathas a' moladh air nach deach iomradh a thoirt anns na freagairtean agad roimhe seo.

Ma tha beachd sam bith agad a thaobh cuspairean croitearachd san fharsaingeachd ris nach eil reachdas a' buntainn, cleachd an t-àite seo airson fiosrachadh sam bith eile.

## Leas-phàipear A – Co-theacsa nas fharsainge

Chaidh mòran de na cuspairean san leas-phàipear seo a thogail co-cheangailte ri lagh croitearachd, ach gu dearbh cha leig iad a leas atharrachaidhean ann an lagh na croitearachd airson dèiligeadh riutha. Mar sin, ged a tha iad cudromach, feumar sealltainn ri cuid de na cuspairean sin eadar-dhealaichte bho atharrachadh reachdail.

Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn gu lean iad a bhith a' toirt taic phoblach do chroitearachd agus airson dèanamh cinnteach gum bi coimhearsnachdan croitearachd tèarainte is soirbheachail. A chum na crìche seo, thug iad aithne do na prìomhachasan croitearachd a leanas:

- **Thoir a-steach sgeama-inntrigidh ùr**
- **Dèan sgrùdadh air cruthachadh chroitean-coille**
- **Foillsich Plana Leasachaidh Nàiseanta airson croitearachd**
- **Stèidhich targaid airson taic thaigheadais croite dhaibhsan aig a bheil am feum as motha**
- **Ath-stèidhich sgeama iasad thaighean croite**
- **Ùraich lagh na croitearachd**

Rinn “Plana airson Alba 2016-17”<sup>16</sup>, Prògram Riaghlaidh na h-Alba, a chaidh fhoillseachadh san t-Sultain 2016, soilleir gum biodh Riaghaltas na h-Alba a' dol an sàs le luchd-ùidhe croitearachd ann a bhith a' dealbhadh Plana Leasachaidh Nàiseanta (PLN) airson croitearachd. Bidh an PLN a' coimhead ris na tha sinn ag iarraidh bho chroitearachd san àm ri teachd an àite na chaidh air adhart san àm a dh'fhalbh.

### **An sàs le luchd-ùidhe agus ag aithneachadh phrìomhachasan**

Tha Riaghaltas na h-Alba air a bhith a' leantainn le bhith an sàs le luchd-ùidhe tro Fhòram Luchd-ùidhe na Croitearachd, far an robh a chuid ballrachd a' beachdachadh air dè na molaidhean a bha iad airson cur gu Riaghaltas na h-Alba airson cur a-steach don PLN. B' e na h-àrd phrìomhachasan don tug am Fòram aithne:

- **Àrdaich taigheadas aig prìs reusanta**  
Chaidh aithneachadh gu bheil dìth thaigheadas aig prìs reusanta ann an coimhearsnachdan dùthchail is eileanach, a dh'fhaodadh a bhith na bhacadh do dhaoine airson fuireach no a bhith air an tàladh do na sgìrean sin. Thathas cuideachd den bheachd gu bheil gainnead ionmhas coimeirsealta ri fhaighinn gus am biodh e comasach do chroitearan taighean ùra a thogail no na taighean a th'aca ath-nuadhachadh.
- **Leasachadh croitearachd**  
Chaidh beachd a thogail gum bu chòir buidheann stiùiridh a bhith ann airson croitearachd a bheireadh seirbheis do gach cuid a' choimhearsnachd croitearachd san fharsaingeachd agus taic do chroitearan fa leth.
- **Luchd-inntrigidh ùra**  
Chaidh aithneachadh gu bheil grunn chnapan-starra a tha a' cumail luchd-inntrigidh ùra air ais bho bhith faighinn gabhaltasan croite, agus gu bheil feum air gnìomhachd airson faighinn thairis air na cnapan-starra sin gus am bi croitearachd seasmhach san àm ri teachd.
- **Brosnachadh ionmhasail**  
Nochd beachd gu bheil feum air ìrean iomchaidh de thaic ionmhasail, agus brosnachadh le targaidean gus dèanamh cinnteach gun urrainn croitearachd leantainn mar shiostam ion-obrachail is seasmhach.
- **Cùl-cinn**  
Thathas den bheachd gu bheil cùl-cinn na fhìor ghoireas le comasan airson coimhearsnachdan croitearachd, a dh'fheumas riaghladh èifeachdach gus an comasan eaconamach a thoirt dha-rìribh gu buil.

- **Dèan reachdas croitearachd nas sìmplidhe**

Thathas air aithneachadh gu bheil reachdas làthaireach na croitearachd fada ro thoinnte agus seann-fhasanta, feumach air ùrachadh gus a dhèanamh nas soilleire, nas fhasa a thuigsinn agus nas fhasa a chur an gnìomh gu prataigeach.

Chaidh grunn phàipearan a dhealbadh a thaobh prìomhachasan luchd-ùidhe, còmhla ri pàipear co-chomhairle àrd-ìre. Gheibhear leth-bhreacan den fheadhainn sin bhon roinn phàipearan buntainneach, no le iarrtas nuair a thathas a' faighinn lethbhreac pàipeir den cho-chomhairle.

Còmhla bidh na prìomhachasan aig Riaghaltas na h-Alba agus Luchd-ùidhe, agus mòran dhiubh ceangailte gu dìreach, a' stèidheachadh bunait leasachaidh airson PLN do chroitearachd.

## Beag-fhaclair

**Às-mhàladh** – An aonta eadar uachdaran agus màladair croite.

- **Às-mhàl goirid** – ùine nach bi nas fhaide na 10 bliadhna far am faod croitear sealbhadair-còmhnaidh, le cead bho Choimisean na Croitearachd, a' chroit aca às-mhàl gu màladair fo lios ùine ghoirid.

**Barantas-stannardach** – pàipear a bheir cuid de chòraichean do sholaraiiche morgaids thairis air sealbhachd le morgaids

**Còir-sheilbh gun tiomnadh** – Nuair a chuireas neach-cùraim tiomnadh aig croitear a bhàsaich fios gu uachdaran na croit le mion-fhiosrachadh mun neach a tha air còir-sheilbh fhaighinn air a' ghabhaltas: nuair a bhàsaicheas croitear gun e/i air tiomnadh a sgrìobhadh, no nach innis iad san tiomnadh aca cò a tha iad airson còir-sheilbh fhaighinn air gabhaltas na croit, no far a bheil tuisleadh air an dìleib.

**Còir-sheilbh le tiomnadh** – Nuair a nì croitear Tiomnadh agus gun ainmich iad an neach/na daoine a tha iad airson còir-sheilbh a ghabhail air gabhaltas na croite às deidh dhaibh bàsachadh.

**Comataidh an REC** – Comataidh Eaconamaidh Dhùthchail is Comas-ceangail Pàrlamaid na h-Alba

**Croit air a measadh (*Deemedcroft*)** – Nuair a cheannaicheas croitear fearann na croit agus gu bheil na h-earrannan ionaltraidh a tha a' buntainn ris a' chroit sin fhathast air an cumail ann an gabhaltas tha iad fhèin air am “meas” a bhith mar chroit eadar-dhealaichte agus sònraichte. Mar sin thèid na “croitean measaidhte” sin an clàradh fa leth ann an Clàr Croitean a' Choimisein

**Cùl-cinn** – raointean fearainn ionaltraidh air a chleachdadh le grunn chroitearan agus cuid eile aig a bheil còir a thaobh ionaltradh air an fhearainn sin.

- **Comataidh Ionaltraidh** – comataidh stèidhichte airson cùl-cinn a riaghladh. Thèid an taghadh le croitearan a bhios a' cleachdadh an fhearainn agus airson gum bi iad air an riaghladh (air an dìon fon lagh) feumaidh a' Chomataidh a bhith clàraichte le Coimisean na Croitearachd
- **Maor Ionaltraidh** – neach air a chur san dreuchd le Coimisean na Croitearachd mura h-eil Comataidh Ionaltraidh ann, agus aig a bheil cumhachdan agus dleastanasan co-ionann ri Comataidh Ionaltraidh
- **Roinn Ionaltraidh** – còir sprèidh ionaltradh air Cùl-cinn sònraichte.

**Cunntas-sluaigh Croitearachd** - foirm a thèid a chur a-mach gach bliadhna le Coimisean na Croitearachd gu màladair no croitear sealbhadair-còmhnaidh gus faighinn a-mach a bheil iad a' coileanadh an cuid dhleastanasan. (Cuideachd aithnichte mar “Fios bliadhna”) )

**Dì-chroitearachd** – An teirm a thèid a chleachdadh nuair a thèid fearann a thoirt a-mach à còir-fhearainn às deidh stiùireadh bho Choimisean na Croitearachd.

**Dleastanasan Croitearan** – Tha e na dhleastanas air gach cuid màladair agus croitearan sealbhadair-còmhnaidh a bhith a' fuireach air a' chroit, no taobh a-staigh 32 cilemeatair bhon chroit aca; gun a bhith ag ana-cleachdadh no a' dearmad na croit; agus a bhith ag àiteach agus a' cumail suas na croit no a' cur na croit gu feum shusbaintich eile.

- **Neo-làthaireachd** – nuair nach eil croitear a' fuireach air no taobh a-staigh 32 cilemeatair bhon chroit às aonais cead ro-làimh bho Choimisean na Croitearachd.

- **Ana-cleachdadh** – nuair a tha croit ga cur gu feum airson rudeigin nach eilear den bheachd a tha na obair àitich. Feumaidh màladairean cead bhon uachdaran aca no, mura fhaigh iad sin, Coimisean na Croitearachd ma tha iad airson a' chroit a chur gu feum shusbaintich eile.
- **Dearmad** – Tha seo a' buntainn ri riaghladh na croit a bu chòir a bhith a rèir inbhean Suidheachadh Math Àiteachais is Àrainneachdail (*Good Agricultural and Environmental Condition* - GAEC).
- **Àiteachadh** – Tha seo a' buntainn ris a' chroit a bhith air a cleachdadh airson àiteachais no ga cur gu feum shusbainteach eile. Tha seo a' toirt a-steach àiteach-gàrraidh, a' cumail stoc a' toirt a-steach chearcan is seileanan-mil, a' fàs bàrr agus a' planntachadh chraobhan
- **Cumail suas** – Tha seo a' buntainn ri bhith cumail suas na croit; gus am bi e comasach a' chroit àiteach feumar a cumail suas ann an suidheachadh freagarrach ach a-mhàin far nach eil cleachdadh susbainteach eile neo-chòrdail ri bhith ga cumail anns an t-suidheachadh sin.
- **Cleachdadh le rùn** – Tha seo a' buntainn ri cleachdadh a chaidh a dhealbhadh is a riaghladh nach eil a' toirt droch bhuaidh air a' chroit, air math a' phobaill, math an uachdarain, no cleachdadh fearainn ri thaobh

**Fo-mhàladh** – Far an leig màladair croite le cead bho Choimisean na Croitearachd le neach eile (ris an canar an fho-mhàladair) a' chroit aca gu h-iomlan no ann am pàirt agus/no na roinnean aca ann an cùl-cinn obrachadh airson ùine ainmichte.

**Sònrachadh** - an teirm a thathas a' cleachdadh gus a bhith a' mìneachadh cur thairis le cead Coimisean na Croitearachd gabhaltas croite bhon chroit gu neach de an roghainn fhèin.

## Ceanglaichean ri iomraidhean

1. [https://sp-bpr-en-prod-cdn.azureedge.net/published/REC/2017/3/9/Review-of-Priorities-for-Crofting-Law-Reform-1/4th Report, 2017.pdf](https://sp-bpr-en-prod-cdn.azureedge.net/published/REC/2017/3/9/Review-of-Priorities-for-Crofting-Law-Reform-1/4th%20Report,%202017.pdf)
2. <http://www.crofting.org/uploads/news/CLGreport.pdf>
3. [https://consult.scotland.gov.uk/agriculture-and-rural-communities/crofting-consultation-2017/supporting\\_documents/Shucksmith%20Report.pdf](https://consult.scotland.gov.uk/agriculture-and-rural-communities/crofting-consultation-2017/supporting_documents/Shucksmith%20Report.pdf)
4. <http://www.gov.scot/Resource/0050/00505260.pdf>
5. <http://www.legislation.gov.uk/ukpga/1976/21/contents>
6. <http://www.crofting.org/>
7. <http://www.crofting.scotland.gov.uk/>
8. <http://www.legislation.gov.uk/ukpga/Vict/49-50/29/contents>
9. <http://www.legislation.gov.uk/ukpga/1993/44/contents>
10. <http://www.legislation.gov.uk/asp/2007/7/contents>
11. <http://www.legislation.gov.uk/asp/2010/14/contents>
12. <http://www.legislation.gov.uk/asp/2013/10/contents>
13. [http://www.crofting.scotland.gov.uk/userfiles/file/annual\\_report\\_and\\_accounts/Crofting-Commission-Annual-Report-2015-16-ENGLISH.pdf](http://www.crofting.scotland.gov.uk/userfiles/file/annual_report_and_accounts/Crofting-Commission-Annual-Report-2015-16-ENGLISH.pdf)
14. <http://www.crofts.ros.gov.uk/register/home>
15. <http://www.scottish-land-court.org.uk/>
16. <http://www.gov.scot/Resource/0050/00505260.pdf>





© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2017

**OGL**

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo bhriathran Cead Fosgailte an Riaghaltais v3.0 ach a-mhàin far a bheil a' chaochladh air ainmeachadh. Airson an cead seo fhaicinn, tadhal air [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh Fiosrachaidh, Na Tasglannan Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cur post-d gu: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Far a bheil sinn air fiosrachadh dlighe-sgrìobhaidh treas-phàrtaidh aithneachadh feumaidh tu cead fhaighinn bhon luchd-glèidhidh dlighe-sgrìobhaidh buntainneach.

Gheibhear am foillseachadh seo aig [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Bu chòir iarrtasan sam bith mun fhoillseachadh seo a chuir thugainn gu  
Riaghaltas na h-Alba  
Taigh Naomh Anndrais  
Dùn Èideann  
EH1 3DG

ISBN: 978-1-78851-154-4 (lìon a-mhàin)

Foillsichte le Riaghaltas na h-Alba, Lùnastal 2017

Dèante airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Staid Tennant, Dùn Èideann  
EH6 5NA PPDAS272126 (08/17)

w w w . g o v . s c o t